

## Stiùireadh Taic Freumhan Coimhersnachd 2023/24 Taic Freumhan Coimhersnachd 2023/24 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine	About the Fund
<p>'S e Taic Freumhan Coimhersnachd a' phìomh mhaoin aig Bòrd na Gàidhlig airson taic a chur ri buidhnean coimhersnachd ann a bhith a' libhrigeadh phròiseactan a bhios a' cur air adhart cleachdadhbh is ionnsachadh na Gàidhlig aig ire na coimhersnachd (an dà chuid aghaidh-riaghaidh is air-loidhne).</p> <p>Bidh sùbailteachd san sgeama airson taic a chumail ri iomadh seòrsa pròiseict a tha ag amas air daoine a thoirt còmhla gus Gàidhlig a bhruidhinn, ach tha sinn gu sònraichte airson taic a chumail ri pròiseactan a bhios:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' brosnachadh cleachdadhbh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt de dhiofar aoisean</li> <li>• A' toirt cothrom do dhaoine òga le Gàidhlig an cànan a chleachdadhbh taobh-a-muigh na sgoile, colaise no oilthigh</li> <li>• A' dèanamh fòcas air taic a chumail ri sunnd dhaoine tro bhith a' cleachdadhbh na Gàidhlig</li> <li>• A' brosnachadh no a' cumail taic ri teaghlaichean airson Gàidhlig a chleachdadhbh còmhla no aig an dachaigh</li> <li>• A' cruthachadh chothroman do dh'ibhich gus Gàidhlig ionnsachadh</li> <li>• A' cur Gàidhlig air adhart mar phàirt de chomharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta</li> </ul> <p>Anns an iarrtas agaibh, tha sinn airson 's gum mìnich sibh mar a bhios am pròiseact agaibh a' freagairt air aon no barrachd air aon de na h-amasan seo, agus a' cumail taic ris na puingean gniomh ann am <a href="#">Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23</a> agus am <a href="#">Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23</a>:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' toirt fàs air cleachdadhbh na Gàidhlig</li> <li>• A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig</li> <li>• A' cur deagh iomhaigh air adhart airson na Gàidhlig</li> </ul> <p>Ann a bhith a' measadh an iarrtais agaibh, bidh sinn a' coimhead gu sònraichte air:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cho follaiseach 's a tha am pròiseact agaibh a' sealltainn gum bi e a' brosnachadh cleachdadhbh na Gàidhlig sa choimhersnachd agaibh is a' coileanadh nan amasan sònraichte againn airson am-bliadhna</li> </ul>	<p>Taic Freumhan Coimhersnachd is Bòrd na Gàidhlig's primary fund for supporting community organisations in delivering projects to promote and increase the usage and learning of Gaelic at community level (both in-person and online).</p> <p>The fund is flexible in supporting most types of projects that seek to bring people together to use Gaelic, but we are particularly looking to support projects which:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Promote the use of Gaelic between speakers of different ages</li> <li>• Provide young Gaelic speakers with the opportunity to use the language outwith school, college, or university</li> <li>• Focus on supporting people's wellbeing through using Gaelic</li> <li>• Encourage or support families to use Gaelic together at home</li> <li>• Create opportunities for adults to learn Gaelic</li> <li>• Promote Gaelic as part of local, national, or international events and celebrations</li> </ul> <p>In your application we expect you to expand on how your project meets one or more of these aims as well as how it supports the actions of <a href="#">Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2018-23</a> and the <a href="#">National Gaelic Language Plan 2018-23</a>:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Increasing Gaelic usage</li> <li>• Increasing the learning of Gaelic</li> <li>• Promoting a positive image of Gaelic</li> </ul> <p>In assessing your application, we will be primarily looking at:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• How clearly your project shows that it will promote the use of Gaelic in your community and achieve the specific aims we have for this year</li> <li>• The ability of your organisation to deliver the project successfully</li> </ul>

- Comas am buidheann agaibh am pròiseact lìbhrigeadh gu soirbheachail
- Neart nam planaichean agaibh gus buaidh a' phròiseict agaibh a mheasadh
- Luach an airgid a tha ga shealltainn leis a' phròiseict

Gheibhear stiùireadh nas mionaidiche air mar a thèid iarrtasan a mheasadh [air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig](#).

## Riaghailtean airson Phròiseactan

### Co dh' fhaodas tagradh a chur a-steach?

Tha a' mhaoin seo fosgailte do bhuidhnean a tha stèidhichte ann an Alba, no ag obair ann an Alba, aig a bheil bun-reachd agus a tha airson pròiseact a libhrigeadh gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg coimhersnachd air ainmeachadh. Gheibhear eisimpleirean de phròiseactan a fhuarair taic bhon sgeama seo a-cheana [tron làrach-lìn GrantNav](#).

Chan fhaod buidhnean ach **aon** iarrtas a chur a-steach dhan chuairt seo den mhaoin.

### Co nach fhaod tagradh a chur a-steach?

- Daoine fa-leth
- Ùghdarrasan poblach no ionadail (is ALEOs)
- Buidhnean coimeirsealta/airson prothaid
- Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh Bòrd na Gàidhlig

## Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' toirt taic do phròiseactan a thèid an tòiseachadh eadar 1 Giblean agus 31 Dùblachd 2023 agus a thèid criochnachadh ro 31 Lùnastal 2024.

### Dè tha cosgaisean a gheibh taic?

'S e £115,000 am buidseat ris a bheilear an dùil airson an sgeama seo. Faodar iarrtasan airson pròiseactan a chur a-steach airson suas ri **£5,000** agus **suas ri 80% de chosgaisean a' phròiseict**. Tha cosgaisean neo-ionmhasail/saor-thoileach ceadaichte mar phàirt de cosgaisean iomlan a' phròiseict.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith eile de bhuidseat a' phròiseict air am maoineachadh tro sgeamaichean maoineachaidh eile no [Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh Bhòrd na Gàidhlig](#).

Bu choir pròiseactan amas air teachd-a-steach iomchaidh fhaighinn bho chom-pàirticean far a bheil seo comasach (m.e. cìsean airson clasaichean Gàidhlig, airgead bho phàrantan airson turasan sgoile, tiocaidean airson

- The strength of your plans to assess the impact of your project
- The value for money demonstrated by the project

Detailed guidance as to how applications will be assessed can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

## Project Requirements

### Who can apply?

This fund is open to constituted organisations based in Scotland, or working in Scotland, that hope to deliver a project to promote the use of Gaelic within a given community. Examples of projects that have previously received support through this fund [can be found via the GrantNav website](#).

Organisations may submit a maximum of **one** application in this funding round.

### Who cannot apply?

- Individuals
- Public or local authorities (including ALEOs)
- Commercial or for-profit organisations
- Bòrd na Gàidhlig Delivery Partners

## Project Timeframe

The fund will support projects which will start between 1 April and 31 December 2023 and will be fully completed by 31 August 2024.

### What costs are supported?

The estimated budget allocated to this fund is £115,000. Applications may be made for up to a maximum of **£5,000** and **up to 80% of project costs**. In-kind/volunteer costs are permitted as part of a contribution towards total project costs.

You must ensure that no other part of the project's budget is funded by money from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes or [Bòrd na Gàidhlig's Delivery Partners](#).

Projects should aim to have income from participants where possible (e.g. fees for Gaelic classes, parental contributions towards school trips, tickets for concerts) and we may set conditions on our funding that a minimum level of income

chuirmean), agus is mathaid gun cuir sinn cumha air an taic-airgid againn gum bi sibh a' togail iùre de dh' airgead bho bhunan den leithid ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail. Thatar a' toirt fa-near taic neo-ionmhasail, ach feumaidh seo a bhith air ainmeachadh gu soilleir air taobh teachd-a-steach is cosgaisean sa bhuidseat.

Bu chòir gach pròiseact a tha a' pàigheadh tuarastalan no cìsean dhan fheadhainn a tha a' libhrigeadh a' phròiseict a bhith a' pàigheadh co-dhiù [Tuarastal Bith-beò na h-Alba \(a tha £10.90 san uair an-dràsta\).](#)

Cha bhi sinn a' cur taic ri cosgaisean pròiseact ri linn:

- Cosgaisean-tòiseachaidh no cosgaisean ruith leantainneach aig buidhnean
- Cosgaisean ri linn frithhealachd no pàirt a ghabhail sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail
- Siubhal air itealan (tha sinn a' moladh gun tèid dòighean le nas lugha eimiseanan a thaghadh)
- Cosgaisean uidheamachd (thairis air £500)
- Duaisean co-fharpaisean
- Gníomhan a tha a' tachairt san sgoil tro ùine chlas

Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, gheibh sibh 80% den tabhartas iomlan aig tòiseach a' phròiseict mar as àbhaist, leis an 20% mu dheireadh air a phàigheadh às dèidh dhuibh aithisg dheireadannach iomchaidh a thoirt seachad airson a' phròiseict.

## Ag aithneachadh taic

Mar bhuidheann phoblach, tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' phoball air mar a tha sinn a' cleachdadh ar cuid airgid, is mar sin tha e cudromach gu bheil sibh ag aithneachadh gun tug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid dhan phròiseact agaibh (far a bheil sin iomchaidh). Bidh sinn a' faighneachd san fhoirm-iarrrais mar a bhios sibh an dùil seo a dhèanamh tron phròiseact ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail agus feumaidh sibh fianais a chur thugainn san aithisg dheireadannaich air mar a tha sibh air an taic-airgid againn aithneachadh.

Airson tuilleadh fiosrachaiddh, nach toir sibh sùil air an [Stiùireadh Aithneachaidh](#) is [Stiùireadh Brannd](#) air an làrach-lìn againn.

is received through such contributions if your application is successful. In-kind contributions are accepted but need to be clearly budgeted on the income and outgoing costs.

All projects that pay wages or fees to those delivering the project must pay at least the [Scottish Living Wage \(currently £10.90 per hour\).](#)

We will not support project costs relating to:

- Organisation start-up or ongoing running costs
- Costs relating to attending or taking part in the Royal National Mòd
- Air travel (please consider lower-emission options)
- Equipment costs (over £500)
- Competition prizes
- Activities taking place in school during class time

If your application is successful, you will typically receive 80% of the total grant at the start of your project, with the final 20% payable after you have submitted a satisfactory end of project report.

## Acknowledgment

As a public body it's important to us that the public know where our funding is spent, and that's why it's important that you acknowledge where appropriate that Bòrd na Gàidhlig provided funding for your project. We'll ask you in the application how you will acknowledge our support throughout the project if your application is successful and you must evidence how you have acknowledged our support in your final report.

For further information please read our [Acknowledgement Guidance](#) and our [Brand Guidance](#) on our website.

## Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail, bidh agaibh ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact agaibh a lìbhrigeadh agus a' bhuaidh aige a shealltann san aithisg dheireannaich a thèid iarraidh oirbh.

Aig a' char as lugha, bidh sinn ag iarraidh oirbh clàradh cia mheud duine a tha a' gabhail pàirt sa phròiseact agus faighneachd de chom-pàirtichean (no sampall de na chom-pàrtichean airson tachartasan/pròiseactan mòra) mar a bha am pròiseact na bhuanachd dhaibh a thaobh:

- Cothroman Gàidhlig a chleachdadh nas trice
- Leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca
- Piseach a thoirt air an sunnd aca

Thèid iarraidh oirbh san fhoirm-iarrrais mar a bhios sibh an dùil sgrùdadh a dhèanamh air a' phròiseas, mar a bhios sibh a' measadh an robh am pròiseact soirbheachail is mar a bhios sibh a' trusadh fiosrachaidh bho chom-pàrtichean.

Bidh e comasach dhuibh an aithisg dheireannaich a chur a-steach tro [phortal iarrasan Fluxx](#), agus bidh e comasach seo fhaicinn ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail.

## Àrainneachd, Co-ionnanachd, Iomadachd & Inghabhalachd

Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig gus cur air adhart deagh chleachdadh ann a bhith:

- A' lùghdachadh buaidh air an àrainneachd
- A' brosnachadh co-ionnanachd chothroman do dhaoine le feart dìonta a rèir Achd Co-Ionannachd 2010
- A' brosnachadh chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a rèir Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014

Bu mhath leinn gum bi na buidhnean is pròiseactan a tha a' faighinn maoineachadh bhuainn cuideachd a' cur ris na h-amasan seo, is bidh sinn ag iarraidh oirbh san fhoirm-iarrrais mar a tha sibh an dùil gum bi am pròiseact agaibh a' dèanamh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach leugh sibh fiosrachadh tro na ceanglaichean gu h-ìosal:

- [Fiosrachadh air àireamhachadh is lùghdachadh eimiseanan carbon bho Creative Carbon Scotland](#)
- [Fiosrachadh mu na feartan dìonte a rèir Achd Co-Ionannachd 2010](#)
- [Mu dheidhinn Pàrantan Corporra agus cumail taic ri clann a tha air a bhith ann an càram](#)

## Project monitoring and evaluation

If your application is successful you will need to monitor and evaluate your project delivery and show the impact of the project in the final report requested from you.

At a minimum we will ask all projects to note how many people take part in the project and to ask participants (or a sample of participants for large events/projects) how the project benefitted them in terms of:

- Their opportunity to use Gaelic more often
- Developing their Gaelic skills
- Improving their wellbeing

In the application form we'll ask you how you intend to monitor the project, how you'll assess whether the project is successful, and how you will gather feedback from participants.

The final report will be available to submit via the [Fluxx application portal](#), and will be viewable if your application is approved.

## Environment, Equalities, Diversity & Inclusion

Bòrd na Gàidhlig has a responsibility to promote good practice in:

- Reducing impact on the environment
- Promoting equality of opportunity for those with a protected characteristic under the Equalities Act 2010
- Promoting opportunities for young people who are, or have been, in care under the Children and Young People (Scotland) Act 2014

We would like the organisations and projects that we fund to also consider how their work can contribute to these aims and will ask in the application form how your proposed project will seek to do so.

For further information, please consult the links below:

- [Information on how to calculate and reduce carbon emissions via Creative Carbon Scotland](#)
- [Information about the protected characteristics under the Equalities Act 2010](#)
- [About Corporate Parenting and supporting care-experienced young people](#)

## A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig [bng.fluxx.io](https://bng.fluxx.io). Faodaidh sibh cunntas a chruthachadh saor's an-asgaidh air an làraich-lin sin is tha e comasach an t-adhartas agaibh leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a tha sibh ag obair air. Faodaidh sibh gach faidhle-taic a chur a-steach tron phortal.

Dùnaidh portal nan iarrtasan aig **3f air Dimàirt 17 Faoilleach 2023** agus cha bhi e comasach iarrtas a chur a-steach às dèidh a' chinn-uidhe sin.

Tha [stìuireadh mionaideach ri fhaighinn air an fhiosrachadh a tha sinn a' sìreadh bho gach ceist](#).

Ma tha duilgheadasan sam bith agaibh leis a' phortal no ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh an iarrtais nach cuir sibh post-d thugainn aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

Nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach, feumaidh sibh na **faidhlichean-taic riatanach** a leanas a chur còmhla ris:

### Riatanach

- Bonn-stèidh no Meòrachan agus Artaigilean Companaidh
- Na Cunntasan Bliadhail mu dheireadh (no ma 's e buidheann air stèidheachadh o chionn goirid a th' annaibh, litir bhon banca a' dearbhadh gu bheil cunntas agaibh air fhosgladh)
- Poileasaidh Dìon Chloinne no Barantachaidh (ma tha clann no inbhich so-leònte an sàs sa phròiseact)
- Liosta de Bhuill a' Bhùird no Comataidh

### Air am moladh (ma tha iad rim faighinn)

- An Aithisg Bhliadhail mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh co-ionannachd chothroman no Poileasaidh co-ionnanachd, iomadachd is in-ghabhaltachd
- Poileasaidh no aithris àrainneachd

Mur eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarrtas (ach a-mhàin mas e iarrtas as leth sgoil a th' ann), bidh an t-iarrtas neo-cheadaichte agus cha tèid a mheasadh.

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith aig a' bhuidhinn agaibh cuideachd, fo ainm na buidhne, nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach.

## Submitting an application

Applications should be submitted via our Fluxx application portal at [bng.fluxx.io](https://bng.fluxx.io). An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it. All supporting documents can be submitted via the portal.

The application portal will close at **3pm on Tuesday 17 January 2023** and it will not be possible to submit an application after this date.

[Detailed guidance is available on our website as to what information we are looking for from each question](#).

If you have any issues with the portal or have any questions about the application please email us at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

When submitting your application, you must include the **required supporting documents**, as follows:

### Essential

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Most recent annual accounts (or for recently constituted organisations, a letter from your bank to confirm an account has been opened)
- Child Protection or Safeguarding policy (if the project involves children or vulnerable adults)
- List of board or committee members

### Recommended (if available)

- Latest annual report
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy or Equalities, diversity and inclusion policy
- Environmental policy or statement

Applications which do not provide the required supporting documents (unless on behalf of a school) will be declared ineligible and will not be assessed.

It is also essential that your organisation has an active UK bank account, in the name of the organisation, at the time of applying.

## Mar a nì sinn measadh air an iarrtas

Gheibh sibh post-d fèin-obrachail bhon phortal Fluxx a' dearbhadh gun d' fhaur sinn an t-iarrtas agaibh. Mur eil sibh air seo fhaighinn, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an t-iarrtas agaibh a chur a-steach is nach eil sibh direach air a shàbhaladh.

As dèidh a' chinn-uidhe airson iarrtasan a chur a-steach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoine agus gu bheil iad a' toirt seachad an phiosrachaiddh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach, no thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannal de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir [an stiùireadh-measaidh](#), agus cuiridh iad molaidean do Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a nì an co-dhùnadh air na h-iarrtasan.

Dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaiddh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a' phròiseict mar phàirt den phròiseas measaidh.

Thèid innse dhuibh mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas agaibh tro phost-d aig deireadh a' Ghearrain no tràth sa Mhàirt 2023.

## Tuilleadh fiosrachaiddh

Airson tuilleadh fiosrachaiddh mun mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

Faodaidh tu cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheistean cumanta](#) mu dheidhinn a' mhaoineachaiddh againn air an làraich-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaiddh air an làraich-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh'fhoirmichean-iarrtas ma tha sibh ag iarraidh

## How we will assess your application

You will receive an automatic email acknowledgment from the Fluxx portal to confirm that we have received your application.

After the closing date for applications, Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to correct this within 10 working days, or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to [the assessment guidance](#), and they will make recommendations to the Bòrd na Gàidhlig Senior Management Team who will decide on the outcome of applications.

Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details as part of the assessment process.

You will be informed of the result of your application via email in late February or early March 2023.

## More information

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](#) or contact Bòrd na Gàidhlig at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request.